

Iùl an Luchd-ionnsachaidh do dh'Uibhist

A Learner's Guide to Speaking Gaelic in Uist

Cùl-fiosrachaidh | Background

'S e Gàidhealtachd a th' ann an Uibhist. Eadar Beàrnaraigh na Hearadh agus Èirisgeidh nan lusan tha cuid de na coimhearsnachdan as treasa sa Ghàidhlig air an t-saoghal. Cluinnear i sa bhùth, san eaglais, aig an fhang, ann an gnìomhachasan agus ann an dachannan na sgìre. A rèir a' Chunntais-shluaigh, 's iad na sgìrean as treasa sa Ghàidhlig a tha a' nochdadh sa bhogsa.

Uist is a bilingual community and between Berneray and Eriskay, you will find some of the strongest Gaelic-speaking communities in the world. You may hear it in the shop, the church, at the fank, in businesses and in homes throughout the area. According to the Census, the strongest Gaelic areas appear in the box.

Uibhist a Tuath <i>North Uist</i>	
64%	Solas
66%	Truimisgearraidh & Port nan Long
70%	An Taobh an Iar
66%	Am Baile Sear
67%	Ceann a' Bhàigh
Beinn nam Faoghla <i>Benbecula</i>	
64%	Griminis & Uisgebhagh
67%	Lìonacleit & Cnoc na Mòna
Uibhist a Deas <i>South Uist</i>	
62%	An t-Ìochdar
76%	Na Meadhoinean
69%	Gearraidh-Bhailteas & Aisgernis
69%	Dalabrog & Gearraidh Sheilidh
69%	Baghasdail
Èirisgeidh <i>Eriskay</i>	
73%	Èirisgeidh

'S e na leanas liosta de dh'àiteachan far a bheil cothrom Gàidhlig a bhruidhinn, air am moladh le muinntir Uibhist. Ged a bhitheas co-dhiù aon Ghàidheal ri lorg anns gach àite, chan eil dearbhadh gun cluinn thu a' Ghàidhlig sa h-uile h-àite fad an t-siubhail.

The following is a list of places where you may speak Gaelic, as recommended by the Uist people. Although at least one Gaelic-speaker may be found in each area, there is no guarantee that you will hear Gaelic everywhere all the time.

- Taigh Chearsabhagh
- Bùth Loch nam Madadh
- Bùth Cheann a' Bhàigh
- Ionad Chladach Chirceaboist
- Muileann Clò Uibhist, Griomasaigh
- Bùth MhicIlleBhràth, Baile a' Mhanaich
- Oifisean na Comhairle, Baile a' Mhanaich
- Taigh-smocaidh Salar, Loch a' Chàrnain

ceòlas

- Hebridean Jewellers, an t-Ìochdar
- Bùth Lovat's, an t-Ìochdar
- Òsdail Thobh Mòir
- Taigh-tasgaidh Chill Donnain
- Eaglais Naoimh Peadar, Dalabrog
- Taigh-òsta a' Bhorodail
- Taigh-òsta Loch Baghasdail
- Cala Loch Baghasdail
- Café Loch Baghasdail
- Laing's & MacAulay's Garages
- Òsdail Ghleann Dàil, Taobh a Tuath Ghleann Dàil
- Ceòlas Uibhist
- Taigh-òsta Pholl a' Charra
- Kilbride Café, Cille Bhrighde
- Co-chomann Èirisgeidh
- Eaglais Naoimh Micheal, Èirisgeidh
- Taxis & busaichean



Prìomh phuingeann | Context

Ann an Uibhist an-diugh, bidh Gàidhlig ga cleachdadh sa bhitheantas airson gnothaichean priobhaideach, mar chòmhradh ri nàbaidhean, caraidean is teaghlach.

Tha Gàidhlig glè làidir sna gnìomhachasan cruitearachd, togail agus iasgach.

Tha mòran Ghàidheal nas mì-chinntiche a thaobh sgrìobhadh agus leughadh a' chànain.

Chan e iomairtiche no dioghrasach Gàidhlig a th' anns a h-uile Gàidheal.

In Uist today, Gaelic is a language used primarily for private activities, such as conversing with neighbours, friends and family.

Crofting, building and fishing are Gaelic-dominant industries.

Many fluent Gaelic speakers are less confident about writing or reading the language.

Not all Gaelic speakers are Gaelic enthusiasts or activists.

Molaidhean | Dos

FEUCH gum fuirich thu ann an taigh/dachaigh le Gàidhlig (faighnich do Cheòlas airson mholaidhean).

FEUCH Gàidhlig a bhruidhinn gu dicheallach; chan aithnich na h-Uibhistich thu, agus saoilidh iad nach eil i agad, neo gu dè ire a tha i agad. Mura tuig cuideigin thu, can a-rithist e, agus, ma dh'fheumas, can an rud sa Bheurla mas tèid thu dhan Ghàidhlig a-rithist.

FEUCH gum faighnich thu orra ciamar a chanadh iad abairtean gu nàdarra. Cha bhi cuid de Ghàidheil eòlach air a' ghràmar a th' air a chùlaibh, ge-tà.

FEUCH gun chùram a bhith ort mu Bheurlachas; cluinnidh tu 'cha *shurvive* e' agus 'an *suit sin thu*' – tha Gàidhlig beò agus ag atharrachadh.

FEUCH a bhith foighidneach is gun a bhith tàireil. Chan eil a h-uile Gàidheil cinnteach às an cuid sgìlean. Dh'fhaoidte nach eil iad cho deònach bruidhinn ri luchd-ionnsachaidh.

FEUCH gun a bhith a' ceartachadh na Gàidhlig aig cuideigin eile. Tha e mì-mhodhail, agus tionndaidh iad dhan Bheurla.



DO try to stay at accommodation with a Gaelic-speaker (ask Ceòlas if you have any questions).

DO proactively speak Gaelic; many native speakers won't recognise you, so they'll assume you don't speak Gaelic. If a speaker doesn't understand you, repeat yourself, and if necessary change briefly to English to explain your point.

DO ask native speakers how they might naturally phrase something. Many native speakers might be more unsure of the grammatical reasons, however.

DO not worry about the use of English within Gaelic; you'll hear phrases like 'cha *shurvive* e', 'an *suit sin thu*' – Gaelic is alive and always changing.

DO be patient and don't judge. Not all speakers feel unreservedly confident about their Gaelic skills. They may be intimidated by learners.

DO not correct someone else's Gaelic. It's rude, and they will just speak to you in English.



Luchd-ionnsachaidh a bha thall 's a chunnaic | Tips from other learners

“Ged nach eil a’ Ghàidhlig aig a h-uile duine 's a choimhearsnachd, tha i aig cuid mhòr dhuibh, àireamh tòrr nas motha na àite sam bith eile a tha mi fhìn air a bhith. Do mhuinntir aig a bheil i is a bhios ga cleachdadh, chanainn gu bheil coimhearsnachd Ghàidhlig ann, gu dearbh, ach mar chuideigin nach eil eòlach air muinntir an àite, ma dh'fhaoidte nach eil sin cho follaiseach air sàilleabh 's gu bheil daoine nas dualtaich a bhith a' bruidhinn na Beurla mur a h-eil iad eòlach ort, is ma dh'fhaoidte nach eil fios agad dè na h-àiteachan as fhèarr airson Gàidhlig a chluinntinn/a bhruidhinn.

“Dh' fheuch mi ri bhith a' tòiseachadh bruidhinn ri daoine anns a' Ghàidhlig nan robh fios agam gu robh Gàidhlig aca. Bha e na cuideachadh mòr dhomh gu robh mi a' fuireach aig [B&B le ban-Uibhisteach], is nuair a bhiodh daoine a’ cèilidh oirre, thòiseachadh iad anns a' Bheurla nuair a chunnaic iad mise, ach air sàilleabh 's gu robh i eòlach orm is fios aice gu robh Gàidhlig gu leòr agam gus còmhradh ruibh, dh'innseadh i sin dhaibh is thionndadh iad dhan Ghàidhlig às dèidh sin cuid mhòr dhen ùine.

“Ma tha cothrom agad coinneachadh ri daoine aig tachartasan/far a bheil thu fuireach/ tro charaidean/ aig cùrsaichean ma dh'fhaoidte gum biodh sin math mar tòiseachadh. Bhithinn air a bhith air chall mura robh molaidhean agam bho charaidean mus deach mi a dh'Uibhist.” – **Hannah Krebs**

“Chan eil teagamh sam bith gu bheil coimhearsnachd làidir na Gàidhlig ann an Uibhist.

“Thòisichinn an còmhradh riutha sa Ghàidhlig dìreach nuair a bha misneachd gu leòr agam gum b' urrainn dhomh cumail a' dol leis. Tha mi smaointinn nach robh cuid eile cleachdte ri bhith a' bruidhinn na Gàidhlig ri luchd-tadhail, agus mar sin, ged a bha fios agam gun robh Gàidhlig aca, bhruidhninn riutha anns a' Bheurla gus am biodh sinn uile comhfhurtail.

“Nam bheachd, ged a bu choir do luchd-ionnsachaidh a h-uile teansa fhaighinn airson bruidhinn na Gàidhlig (agus gum bu choir gum bi misneachd aca), feumaidh iad a bhith gu math mothachail gu bheil faireachdainnean measgaichte aig daoine a

ceòlas

thaobh na Gàidhlig agus a thaobh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Uime sin, bu chòir do luchd-ionnsachaidh a bhith tuigseach agus dùrachdach nuair a tha iad airson eòlas a chur air daoine ionadail agus air an àite fhèin. Gu simplidh – 's e fèin-mhothachadh agus misneachd a bhios an-còmhnaidh feumail. Bhiodh e na b' fheàrr nan robh ùidh aig luchd-ionnsachaidh anns na daoine fhèin seach a' chànan a-mhàin (chan e dìreach “daoine aig a bheil Gàidhlig agus ris am faod mi feuchainn ri chantainn ‘ciamar a tha sibh’” a th' annta, ach 's e “fìor dhaoine ann an fìor àite” a th' annta) ach 's dòcha gu bheil aig a h-uile duine ri tòiseachadh am badeigin.”

– **Chi-Yan Law**

“It may feel presumptuous for a Gaelic learner to assume that they can just start up a conversation in the language with any local person they meet. In a bilingual community the patterns of language use and language choice can be complex between neighbours, friends, and relations. But once it becomes known that a newcomer is eager to learn and speak Gaelic then many people may well wish to help in any way they can, for example by trying out some simple conversations with the learner.” – **Guthan nan Eilean** (<https://guthan.wordpress.com/2012/11/26/loriana-agus-a-cu/>)

“Dh'raibh mi bho Èirisgeigh gu Uibhist a Tuath a' stad aig àiteachan far an robh mi nam bheachd a bhiodh Gàidhlig ri cluinntinn. Cha chuala mi ach glè bheag dhì gu nàdarra agus 's ann anns a' bhùth an Èirisgeigh a bha siud, triùir bhoireannaich a' cleachdadh "co-dhiù" is "'s fhèarr leam falbh" is an leithid fhad 's a bha iad a' bruidhinn na Beurla ri chèile. A dh'aindeoin sin, fhuair mi cuideigin anns gach àite a bha comasach is deònach bruidhinn rium gu diofar ìrean.” – **Màrtainn Mac a' Bhàillidh**

“Dh'fhuirich mi ann am B&B agus chum iadsan a' Ghàidhlig rium glè mhath.” – **Niall MacRàth**

“An aon turas eile a bhruidhinn mi a' Ghàidhlig air mo thuras 's e nuair a chuir mi ceist air boireannach air a' bhàt-aiseig. Bha mi air a cluinntinn roimhe is bha i a' cabadaich sa Ghàidhlig ri caraid. Theagamh nach bi a' mhòr-chuid cho dàna sa tha mise dha thaobh sin, ge-tà.” – **Sgàire Wallace**

Agus ma tha ceist sam bith agad, faighnich do Cheòlas, do chompanach Gàidhealach ann an Uibhist!

If you have any questions, ask Ceòlas, your friendly Gaelic community organisation!